

Mith-sgeòil agus fionnsgeòil na h-Alba

(Сказки и легенды Шотландии)

Метод обучающего чтения Ильи Франка

Адаптировал Вадим Грушевский

Murchadh is Mionachag

(Мурахах и Минахак)

Dh’fhalbh Murchadh is Mionachag a bhuaib shuibheagan (пошли Мурахах и Минахак собирать малину; *falbh* – идти; *buaib* – собирать; *suibheag* – малина; клубника), **ach mar a bhuaibeadh Murchadh** (и пока собирал Мурахах) **dh’itheadh Mionachag** (ела Минахак; *ith* – есть; кушать). **Dh’fhalbh Murchadh a dh’iarraidh slait** (пошёл Мурахах искать прут = за прутом; *iarr* – сходить за чем-л.; хотеть; просить; *slat* – длинная палка; прут) **gu gabhail air Mionachag** (чтобы задать /порку/ = выпороть Минахак; *gabh* – дать; исполнить), **’s i ’g itheadh a chuid shuibheagan** (/за то, что/ она ест его долю малины; *cuid* – доля; часть; некоторые).

Dh’fhalbh Murchadh is Mionachag a bhuaib shuibheagan, ach mar a bhuaibeadh Murchadh dh’itheadh Mionachag. Dh’fhalbh Murchadh a dh’iarraidh slait gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh a chuid shuibheagan.

“Dé do naidheachd an-diugh (какая твоя новость сегодня = какие новости у тебя сегодня; *naidheachd* – новость; *an-diugh* – сегодня), **a Mhurchaidh (Мурахах)?” ars’ an t-slat** (сказал прут).

“S e mo naidheachd fhèin (есть /она/ моя новость собственная = а новости у меня такие; *fhèin* – сам; собственный), **gu’m bheil mi ’g iarraidh**

slait (что ищу я прут) gu gabhail air Mionachag (чтобы высесть Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (чтоб мою малину не ела: «она ест мою долю малины»).

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh?” ars’ an t-slat.

“S e mo naidheachd fhèin, gu ’m bheil mi ’g iarraidh slait gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.

“Cha ’n fhaig thu mis’ (не получишь ты меня; *faig – получать*),” ars’ an t-slat (сказал прут), “gus am faigh thu tuagh a bhuaineas mi (пока не получишь = не найдёшь топор, который срубит меня; *tuagh – топор*).” Chaidh Murchadh far an robh ’n tuagh (пошёл Мурахак /туда/, где был топор; *rach – пойти; far – где*).

“Cha ’n fhaig thu mis’,” ars’ an t-slat, “gus am faigh thu tuagh a bhuaineas mi.” Chaidh Murchadh far an robh ’n tuagh.

“Dé do naidheachd an-diugh a Mhurchaidh (какие у тебя новости сегодня, Мурахак)?” ars’ an tuagh (сказал топор).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахак), “gu’m bheil mi ’g iarraidh tuaigh a bhuaineas slat (что я ищу топор, который срубит прут) – slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтобы высесть Минахак), ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan (за то, что мою малину ест).”

“Dé do naidheachd an-diugh a Mhurchaidh?” ars’ an tuagh.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh tuaigh a bhuaineas slat – slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ an tuagh (сказал топор), “gus am faigh thu clach a ghleusas mi (пока не найдёшь камень,

который наточит меня; *gleus – точить*)." Chaidh Murchadh far an robh chlach (отправился Мурахак туда, где был камень).

"Cha'n fhaigh thu mis'," ars' an tuagh, "gus am faigh thu clach a ghleusas mi." Chaidh Murchadh far an robh chlach.

"Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh (какие твои новости сегодня, Мурахак)?" ars' a' chlach (сказал камень).

"S e mo naidheachd fhéin (новости у меня такие)," arsa Murchadh (сказал Мурахак), "gu'm bheil mi 'g iarraidh clach a ghleusas tuagh (что ищу я камень, который наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, который срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтобы выпороть Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (чтоб не повадно было мою малину есть)."

"Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh?" ars' a' chlach.

"S e mo naidheachd fhéin," arsa Murchadh, "gu'm bheil mi 'g iarraidh clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan."

"Cha'n fhaigh thu mis' (не получишь ты меня)," ars' a' chlach (сказал камень), "gus am faigh thu uisge fhliuchas mi (пока не найдёшь воды, что намочит меня; *uisge – вода; uisge-beatha – виски: «вода жизни»; beatha – жизнь; fliuch – мочить*)." Chaidh Murchadh far an robh 'n t-uisge (отправился Мурахак туда, где была вода).

"Cha'n fhaigh thu mis'," ars' a' chlach, "gus am faigh thu uisge fhliuchas mi." Chaidh Murchadh far an robh 'n t-uisge.

"Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaid (какие твои новости сегодня)?" ars' an t-uisge (сказала вода).

"S e mo naidheachd fhéin (новости у меня такие)," arsa Murchadh (сказал Мурахак), "gu'm bheil mi 'g iarraidh uisge fhliuchas clach (что ищу я

воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб высечь Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (которая мою малину ест).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaid?” ars’ an t-uisge.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ an t-uisge (сказала вода), “gus am faigh thu fiadh a shnàmhas mi (пока не приведёшь оленя, который поплавает во мне; *fiadh* – олень; *snàmh* – плавать).” Chaidh Murchadh far an robh am fiadh (пошёл Мурахах туда, где был олень).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ an t-uisge, “gus am faigh thu fiadh a shnàmhas mi.” Chaidh Murchadh far an robh am fiadh.

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaid (какие у тебя новости сегодня, Мурахах)?” ars’ am fiadh (сказал олень).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu’m bheil mi ’g iarraidh fiadh a shnàmhas uisge (что ищу я оленя, что поплавает в воде); uisge a fhliuchas clach (в воде, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что заточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб высечь Минахак), ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan (чтобы мою малину не ела).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaid?” ars’ am fiadh.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh fiadh a shnàmhas uisge; uisge a fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh

a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha'n fhaigh thu mis' (не получишь ты меня),” ars' am fiadh (сказал олень), “gus am faigh thu gadhar a ruitheas mi (пока не приведёшь собаку, которая погонится за мной; *gadhar* – собака; *ruith* – бежать; *gnath*).” Chaidh Murchadh far an robh an gadhar (отправился Мурахах туда, где была собака).

“Cha'n fhaigh thu mis',” ars' am fiadh, “gus am faigh thu gadhar a ruitheas mi.” Chaidh Murchadh far an robh an gadhar.

“Dé do naidheachd an-diugh (какие новости у тебя сегодня), a Mhurchaidh (Мурахах)?” ars' an gadhar (сказала собака).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu'm bheil mi 'g iarraidh gadhair a ruitheas fiadh (что ищу я собаку, что погонится за оленем); fiadh a shnàmhhas uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что заточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб выпороть Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (что ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh?” ars' an gadhar.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu'm bheil mi 'g iarraidh gadhair a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhhas uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha'n fhaigh thu mis' (не получишь ты меня),” ars' an gadhar (сказала собака), “gus am faigh thu ìm a shuathar ri mo chasan (пока не отыщешь масла, которое обмажет мне лапы; *ìm* – масло; *suath* – мазать; *ri* – на; *po*; *casan* – нога).” Chaidh Murchadh far an robh an t-ìm (отправился Мурахах туда, где было масло).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ an gadhar, “gus am faigh thu ìm a shuathar ri mo chasan.” Chaidh Murchadh far an robh an t-ìm.

“Dé do naidheachd an-diugh (какие у тебя новости сегодня), a Mhurchaid (Мурахак)?” ars’ an t-ìm (сказало масло).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахак), “gu’m bheil mi ’g iarraidh ìm a shuathar ri casan gadhair (что ищу я масло, что обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собаку, что погонится за оленем); fiadh a shnàmhhas uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб побить Минахак), ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan (что ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaid?” ars’ an t-ìm.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhhas uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ an t-ìm (сказало масло), “gus am faigh thu luch a sgrìobas mi (пока не отыщешь мышь, что наскребёт меня; *luch* – мышь; *sgrìob* – царапать; *скрести*).” Chaidh Murchadh far an robh an luch (пошёл Мурахак туда, где была мышь).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ an t-ìm, “gus am faigh thu luch a sgrìobas mi.” Chaidh Murchadh far an robh an luch.

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh (какие у тебя новости сегодня, Мурахак)?” ars’ an luch (сказала мышь).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахак), “gu’m bheil mi ’g iarraidh luch a sgrìobas ìm (что ищу я мышь, что наскребёт масла); ìm a shuathar ri casan gadhair (масла, что

обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собаку, что погонится за оленем); fiadh a shnàmhhas uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (палку, чтоб побить Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (что ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh?” ars’ an luch.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh luch a sgrìobas ìm; ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhhas uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ an luch (сказала мышь), “gus am faigh thu cat a shealgas mi (пока не приведёшь кошку, что будет охотиться за мной; cat – кошка; sealg – охотиться).” Chaidh Murchadh far an robh ’n cat (отправился Мурахах туда, где была кошка).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ an luch, “gus am faigh thu cat a shealgas mi.” Chaidh Murchadh far an robh ’n cat.

“Dé do naidheachd an-diugh (какие у тебя новости сегодня), a Mhurchaid (Мурахах),” ars’ an cat (сказала кошка).

“S e mo naidheachd fhèin (новости у меня такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu’m bheil mi ’g iarraidh cait a shealgas luch (что ищу кошку, что поохотится за мышью); luch a sgrìobas ìm (мышь, что наскребёт масла); ìm a shuathar ri casan gadhair (масла, что обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собаку, что погонится за оленем); fiadh a shnàmhhas uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут,

чтоб высечь Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (ведь она мою малину ест).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurachaid,” ars’ an cat.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh cait a shealgas luch; luch a sgrìobas ìm; ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhhas uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ an cat (сказала кошка), “gus am faigh thu bainne dh’òlas mi (пока не принесёшь молока, которое выпью я; *bainne* – молоко; *òl* – пить).” Chaidh Murchadh far an robh bhò (отправился Мурахах туда, где была корова; *bò* – корова).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ an cat, “gus am faigh thu bainne dh’òlas mi.” Chaidh Murchadh far an robh bhò.

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurachaid (какие у тебя новости сегодня),” ars’ a’ bhò (сказала корова).

“S e mo naidheachd fhèin (есть у меня новости такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu’m bheil mi ’g iarraidh bainne dh’òlas cat (что ищу я молока напоить кошку: «которое выпьет кошка»); cat a shealgas luch (кошку, что поймает мышь); luch a sgrìobas ìm (мышь, что наскребёт масла); ìm a shuathar ri casan gadhair (масла, что обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собаку, что побежит за оленем); fiadh a shnàmhhas uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что заточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб побить Минахак), ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan (что ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurachaid,” ars’ a’ bhò.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh bainne dh’òlas cat; cat a shealgas luch; luch a sgrìobas ìm; ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhais uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu mis’ (не получишь ты меня),” ars’ a’ bhò (сказала корова), “gus am faigh thu sop dhomh o’n ghille-shabhail (пока не принесёшь сена мне от пастуха; *sop* – пучок /соломы; сена/; *gille-sabhail* – скотник; *gille* – парень; *sabhail* – амбар; хлев; коровник).” Chaidh Murchadh far an robh an gille-sabhail (отправился Мурахах туда, где был пастух).

“Cha’n fhaigh thu mis’,” ars’ a’ bhò, “gus am faigh thu sop dhomh o’n ghille-shabhail.” Chaidh Murchadh far an robh an gille-sabhail.

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurachaid (какие у тебя новости сегодня),” ars’ an gille-sabhail (сказал пастух).

“S e mo naidheachd fhèin (есть у меня новости такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu’m bheil mi ’g iarraidh sop a gheibh bò (что ишу я сена накормить корову: «что получит корова»); bò a bhligheas bainne (корову, которая даст молока; *leig* – давать; позволять; уступать); bainne dh’òlas cat (молока напоить кошку: «что выпьет кошка»); cat a shealgas luch (кошку, что поймает мышь); luch a sgrìobas ìm (мышь, что наскребёт масла); ìm a shuathar ri casan gadhair (масла, что обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собаку, что побежит за оленем); fiadh a shnàmhais uisge (оленя, что искупается в воде); uisge fhliuchas clach (воду, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что заточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор, что срубит прут); slat gu gabhail air Mionachag (прут, чтоб побить Минахак), ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan (что ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurachaid,” ars’ an gille-sabhail.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh sop a gheibh bò; bò a bhligheas bainne; bainne dh’òlas cat; cat a shealgas luch; luch a sgrìobas ìm; ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmmas uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu sop uamsa (не получишь ты сена от меня),” ars’ an gille-sabhail (сказал пастух), “gus am faigh thu bonnach dhomb o’n bhean-fhuinne (пока не принесёшь пирога мне от кухарки; *bonnach* – пирог; *bean-fhuinne* – кухарка; *bean* – женщина; *fuin* – печь; месить /тесто/).” Chaidh Murchadh far an robh a’ bhean-fhuinne (отправился Мурахах туда, где была кухарка).

“Cha’n fhaigh thu sop uamsa,” ars’ an gille-sabhail, “gus am faigh thu bonnach dhomb o’n bhean-fhuinne.” Chaidh Murchadh far an robh a’ bhean-fhuinne.

“Dé do naidheachd an-diugh (какие у тебя новости сегодня), a Mhurchaidh (Мурахах)?” ars’ a’ bhean-fhuinne (сказала кухарка).

“S e mo naidheachd fhèin (у меня новости такие),” arsa Murchadh (сказал Мурахах), “gu’m bheil mi ’g iarraidh bonnach a gheibh gille-sabhail (что пришёл я за пирогом для пастуха: «ищу я пирог, что получит пастух»); sop a gheibh bò a bhligheas bainne (/а он даст мне/ сена для коровы: «которое получит корова», которая даст молока); bainne a dh’òlas cat (молока, которое выпьет кошка); cat a shealgas luch (кошка, которая будет охотиться за мышью); luch a sgrìobas ìm (мышь, которая наскребёт масла); ìm a shuathar ri casan gadhair (масло, которое обмажет лапы собаке); gadhar a ruitheas fiadh (собака, что погонится за оленем); fiadh a shnàmmas uisge (олень, что выкупается в воде); uisge fhliuchas clach (вода, что намочит камень); clach a ghleusas tuagh (камень, что наточит топор); tuagh a bhuaineas slat (топор,

что срубит прут); *slat gu gabhail air Mionachag* (прут, чтоб выпороть Минахак), 's i 'g itheadh mo chuid shuibheagan (которая ест мою малину).”

“Dé do naidheachd an-diugh, a Mhurchaidh?” ars’ a’ bhean-fhuinne.

“S e mo naidheachd fhèin,” arsa Murchadh, “gu’m bheil mi ’g iarraidh bonnach a gheibh gille-sabhail; sop a gheibh bò a bhligheas bainne; bainne a dh’òlas cat; cat a shealgas luch; luch a sgrìobas ìm; ìm a shuathar ri casan gadhair; gadhar a ruitheas fiadh; fiadh a shnàmhais uisge; uisge fhliuchas clach; clach a ghleusas tuagh; tuagh a bhuaineas slat; slat gu gabhail air Mionachag, ’s i ’g itheadh mo chuid shuibheagan.”

“Cha’n fhaigh thu bonnach uamsa (не получишь ты пирога от меня),” ars’ a’ bhean-fhuinne (сказала кухарка), “gus an toir thu steach uisge dh’fhuinneas e (пока не принесёшь: «занесёшь» воды, чтоб /тесто/ для него замесить; *thoir* – давать; *steach* – внутрь).”

“Dé mar a bheir mi steach e (как принесу я её = как же мне принести воды; *dé mar* – как; *beir* – нести)?” arsa Murchadh (сказал Мурахак).

“Cha’n ’eil soitheach (нет /у меня/ сосуда; *soitheach* – сосуд) ann ach an criathar cràbhach sin (кроме сита /праведного/ /э/того; *criathar* – сито; *reusaidh*; *cràbhach* – праведный),” ars’ise (сказал он).

“Cha’n fhaigh thu bonnach uamsa,” ars’ a’ bhean-fhuinne, “gus an toir thu steach uisge dh’fhuinneas e.”

“Dé mar a bheir mi steach e?” arsa Murchadh.

“Cha’n ’eil soitheach ann ach an criathar cràbhach sin,” ars’ise.

Chaidh Murchadh d’on tobair leis a’ criathar (пошёл Мурахак к колодцу с ситом; *tobar* – колодец; *isteach*), ach deur uisge cha ghleidheadh an criathar cràbhach (но ни капли воды не удержало сито; *deur* – капля; *glèidh* – держать; *stòradh*), agus bha Murchadh bochd ’g a shàruchadh (и бедный Мурахак утомился: «был Мурахак несчастный раздражённым»; *bochd* – бедный; *sàraich* – утомлять; *zàraich*). Mu dheireadh (наконец) ghabh

feannag seachad os a cheann (пролетала ворона у него над головой; *gabh seachad* – проходить; *feannag* – /чёрная/ ворона; *seann* – голова), **'s ghlaodh i** (закричала она; *glaodh* – кричать), **“Gorrag (кар)!”** **“Gorrag (кар; здесь присутствует игра слов: звукоподражание “gorrag” «кар-кар» созвучно со словом gòrach «глупый», а также с выражением creadh ruadh «красная глина» из следующего ниже предложения; тж. ср. gòrachdail – карканье)!”**

“Tha thusa ceart (/есть/ ты права; *ceart* – верный; правильный), **fheannag (ворона),” arsa Murchadh** (сказал Мурахах). **“Crèadh ruadh is còinneach** (красная глина и мох; *crèadh* – глина; *ruadh* – красный; рыжий; бурый; *còinneach* – мох)! **Crèadh ruadh is còinneach** (красная глина и мох)!” **Rinn e** (сделал он; *dèan* – делать), **an sin** (тогда), **an criathar dìonach le crèadh ruadh is còinneach** (сито водонепроницаемым глиной и мхом = заделал он тогда дыры в сите красной глиной и мхом; *dìonach* – непромокаемый), **agus thug e steach a làn uisge** (и набрал в него до краёв воды: «принёс полным воды»; *làn* – полный).

Chaidh Murchadh d’on tobair leis a’ criathar, ach deur uisge cha ghleidheadh an criathar cràbhach, agus bha Murchadh bochd ’g a shàruchadh. Mu dheireadh ghabh feannag seachad os a cheann, ’s ghlaodh i, “Gorrag!” “Gorrag!”

“Tha thusa ceart, fheannag,” arsa Murchadh. “Crèadh ruadh is còinneach! Crèadh ruadh is còinneach!” Rinn e, an sin, an criathar dìonach le crèadh ruadh is còinneach, agus thug e steach a làn uisge.

Fhuair e bonnach o’n bhean-fhuinne (получил он пирог от кухарки) **a thug e do’n ghille-shabhail** (который дал он пастуху). **Fhuair e sop o’n ghille-shabhail** (получил он сено от пастуха) **a thug e d’on bhoinn** (которое дал корове). **Fhuair e bainne o’n bhoinn** (получил он молоко от коровы) **a thug e do’n chat** (которое дал кошке), **agus shealg an cat luch** (и бросилась кошка за мышкой), **sgrìob an luch ìm** (наскребла мышка масла), **shuathadh an t-ìm ri casan a’ ghadhair** (и размазалось масло на лапах у собаки), **ruith an gadhar**

am fiadh (погналась собака за оленем), shnàmh am fiadh an t-uisge (плюхнулся олень в воду), fhliuch an t-uisge a' chlach (намочила вода камень), ghleus a' chlach (наточил камень), an tuagh (топор), bhuaib an tuagh an t-slat (срубил топор прут), agus fhuair Murchadh an t-slat (и получил Мурахах прут) gu gabhail air Mionachag (чтобы задать взбучку Минахак), 's i 'g itheadh chuid shuibheagan (/которая/ ела малину). Ach an uair a thill e (но когда вернулся он; *an uair a* – когда; *uair* – время; *till* – возвращаться) bha Mionachag an deigh sgàineadh (Минахак просто лопнула: *sgàin* – лопаться)!

Fhuair e bonnach o'n bhean-fhuinne a thug e do'n ghille-shabhail. Fhuair e sop o'n ghille-shabhail a thug e d'on bhoinn. Fhuair e bainne o'n bhoinn a thug e do'n chat, agus shealg an cat luch, sgrìob an luch im, shuathadh an t-im ri casan a' ghadhair, ruith an gadhar am fiadh, shnàmh am fiadh an t-uisge, fhliuch an t-uisge a' chlach, ghleus a' chlach, an tuagh, bhuaib an tuagh an t-slat, agus fhuair Murchadh an t-slat gu gabhail air Mionachag, 's i 'g itheadh chuid shuibheagan. Ach an uair a thill e bha Mionachag an deigh sgàineadh!

Caol Reidhinn

(Пролив Рей)

Bha na Fèinn (были фении; *An Fhèinne* – фении /в шотландской и ирландской мифологии, небольшая полунезависимая дружина воинов, которая жила в лесах и занималась торговлей, разбоем и охотой, но могла быть призвана королём в случае войны/), mar a b'abhais (по своему обыкновению; *abhais* – обычай; привычка; норма), anns a' bheinn-sheilg (на охоте; *beinn-sheilg* – охотничье угодье; *beinn* – гора; *sealg* – охота). Cha robh iad a' faighinn mòrain (не наловили они много: «не были они получающими много»; *mòran* – много), oir thachair gur (потому что случилось, что; *oir* – потому что; *tachair* – происходит) h-ann fìor-ghann (была очень скудной; *h-ann* –

имеется; *fior* – действительно; *gann* – скудный) a bha 'n t-sealg air a' bhliadhn' ud (/которая была/ охота в году том; *bliadhna* – год; *ud* – том). Là dhe na làithean (однажды: «в день из дней»; *là* – день), air dhaibh tighinn dachaigh (вернулись они домой: «на них приход домой»; *thig* – приходит; *dachaigh* – домой), chuir e iongnadh mòr orra (и очень удивились; *cuir iongnadh air* – удивлять; *cuir* – класть; *iongnadh* – удивление; *mòr* – большое) na mnathan fhaotainn cho reamhar, bòidheach (/своих/ жён обнаружив: «получить» такими упитанными, цветущими; *mnathan* – женщины; жёны /мн. ч. от *bean* – женщина; жена/; *cho* – так; *reamhar* – толстый; *bòidheach* – красивый; милостивый).

Bha na Fèinn, mar a b'abhais, anns a' bheinn-sheilg. Cha robh iad a' faighinn mòrain, oir thachair gur h-ann fìor-ghann a bha 'n t-sealg air a' bhliadhn' ud. Là dhe na làithean, air dhaibh tighinn dachaigh, chuir e iongnadh mòr orra na mnathan fhaotainn cho reamhar, bòidheach.

Chuir iad rompa (решили они: «положили они перед ними»; *ro* – перед) gu'm biodh iad aig bun a' ghnòthuich (что разберутся: «были бы они» /до основания/ в этом/ деле; *bun* – основа; *prìncip*; *gnòthach* – дело), agus gu'm faigheadh iad a-mach (и что узнают: «получат наружу») dé bha na mnathan a' faotainn (что получали: «были получающими» их жёны) a bha 'g an deanamh cho dreachmhor (что делало их такими красавицами; *dreachmhor* – красивый). An uair a chaidh iad a rìs a shealg (когда отправились они снова на охоту), dh'fhàg iad Conan (оставили они Конана; *fàg* – оставлять), fear dhiubh fhèin (/одного/ человека из них /самих/; *fear* – человек; *мужчина*), aig an tigh (в доме), a chum gu'm faigheadh e mach (чтобы он узнал) an ni a bha cho dìomhair orra (эту тайну: «что, было такого таинственного у них»; *dìomhair* – таинственный).

Chuir iad rompa gu'm biodh iad aig bun a' ghnòthuich, agus gu'm faigheadh iad a-mach dé bha na mnathan a' faotainn a bha 'g an deanamh cho dreachmhor. An uair a chaidh iad a rìs a shealg, dh'fhàg iad Conan, fear

dhiubh fhèin, aig an tigh, a chum gu'm faigheadh e mach an ni a bha cho diomhair orra.

Bha Conan gu seòlta a' gabhail ealla ris na mnathan (был Конан исподтишка следящим = Конан тайком проследил за женщинами; *gu seòlta* – тайком; *украдкой*; *seòlta* – хитрый; ловкий; *gabh ealla ri* – следить; *ealla* – наблюдение), **agus cha b'fhada gus am fac' e mar a bhà** (и вскоре понял он, в чём было /дело/; *cha b'fhada* – скоро: «недолго»; *fada* – длинный; долгий; *faic* – заметить; *разглядеть*). **Bha iad a' buain barr a' challtuinn** (срезали они: «были они срезающими» побеги орешника; *barr* – верхушка; кончик; *calltainn* – ореховое дерево), **agus 'g a bhruich** (и варили их; *bruich* – варить). **Bha iad a' gabhail cuid de n' t-sùgh sin** (брали они часть отвара того; *sùgh* – сок) **agus 'g an nigheadh fhéin leis** (и умывались им; *nigh* – мыть), **agus bha iad a' tighinn beò ag òl a' chuid eile dheth** (и пили: «жили питьём» его оставшуюся: «другую» часть; *tighinn beò* – пропитание; средства к существованию; *tighinn* – приход; *thig* – приходить; *beò* – живой; *eile* – другой).

Bha Conan gu seòlta a' gabhail ealla ris na mnathan, agus cha b'fhada gus am fac' e mar a bhà. Bha iad a' buain barr a' challtuinn, agus 'g a bhruich. Bha iad a' gabhail cuid de n' t-sùgh sin agus 'g an nigheadh fhéin leis, agus bha iad a' tighinn beò ag òl a' chuid eile dheth.

Ach carson a chaidh Conan fhàgail aig an tigh (но почему был Конан оставлен дома; *fàg* – оставлять), **seach mar a b'abhais** (вопреки обыкновению)? **Bha so 'n a cheist air na mnathan** (было сомнение: «вопрос» у женщин; *ceist* – вопрос), **agus cha b'urrainn daibh a bhi air an dòigh** (и не могли они: «не было возможно им» успокоиться; *urrainn* – возможность; способный; *air an dòigh* – идиом. довольный; в своей тарелке; *dòigh* – способ; средство) **gus am biodh fhios aca air an aobhar** (пока не узнают: «пока не будет у них знания», в чём причина; *fios* – знание; информация; *aobhar, adhbhar* – причина). **Thuig iad** (узнали они; *tuig* – знать), **mu dheireadh** (наконец), **gu'm b'ann gu bhi faire orra-san a chaidh fhàgail** (что /было/

/чтобы/ следить за ними, /что/ он был оставлен = его оставили, чтобы проследить за ними), agus chuir so ana-meinn mhòr orra (и очень рассердились: «положили ярость большую»; *ana-meinn, ainmein* – ярость; *zlostь*). Chuir iad rompa (решили они) gu'n dìoladh e air a mhì-mhodh (что он заплатит за свою дерзость; *dìoladh* – плата; компенсация; *dìol* – платить; *mì-mhodh* – невоспитанность; грубость; *mì-* – отрицательная приставка; *modh* – манера).

Ach carson a chaidh Conan fhàgail aig an tigh, seach mar a b'abhais? Bha so 'n a cheist air na mnathan, agus cha b'urrainn daibh a bhi air an dòigh gus am biodh fhios aca air an aobhar. Thuig iad, mu dheireadh, gu'm b'ann gu bhi faire orra-san a chaidh fhàgail, agus chuir so ana-meinn mhòr orra. Chuir iad rompa gu'n dìoladh e air a mhì-mhodh.

Air feadh na h-oidhche (ночью; *air feadh* – на всём протяжении; *oidhche* – ночь), agus Conan 'n a chadal (пока Конан спал; *cadal* – сон), chaidh aca air dà stob a chur anns an talamh (удалось им два кола в землю; *stob* – кол; палка с заострённым концом; *talamh* – земля), fear aig gach taobh dhe cheann (с каждой стороны от головы Конана: «мужчины»; *gach* – каждый; *taobh* – сторона). An sin cheangail iad a cheann ris na stuib le duail dhe fhalt fhéin (потом привязали они его голову к колам за пряди волос; *ceangail* – привязывать; *dual* – прядь; локон; *falt* – волосы). An uair a fhuair iad gach ni gu miann (когда они сделали: «заполучили» всё, как хотели; *gach ni* – всё: «каждая вещь»; *miann* – желание), chaidh iad a-mach gu beulaobh an tighe (вышли они из дома: «перед домом»), bhuail iad am basan (захлопали в ладоши; *bas* – ладонь), 's rinn iad iolach mhòr (и подняли гвалт: «сделали крик большой»; *iolach* – /громкий/ крик) gus an do dhùisg iad Conan (пока не разбудили Конана; *dùisg* – будить). Shaoil le Conan (показалось Конану; *saoil* – думать; представлять), 's e eadar a chadal 's a dhùisg (/будучи/ между сном и явью: «бодрствованием»), gu'n robh creach air chor-eigin a-muigh (что творится погром какой-то на улице: «снаружи»; *creach* –

крушение; разрушение; разгром; a-tuigh – снаружи). **Leum e air a chasan le mòr-spionnadh** (вскочил он на ноги, как ошпаренный: «с большой силой»; *leum – прыгать; spionnadh – сила*); **ach ma leum** (но подскочив; *ma – если; в случае*) **dh'fhàg e cuid dhe fhalt** (оставил он часть = пряди своих волос), **agus staoig no dhà de chraicionn a chinn** (и пару ошмётков: «кусок или два» кожи головы; *staoig – кусок /мяса/; craiceann – кожа*), **ceangailte ris na stuib** (привязанными к колам).

Air feadh na h-oidhche, agus Conan 'n a chadal, chaidh aca air dà stob a chur anns an talamh, fear aig gach taobh dhe cheann. An sin cheangail iad a cheann ris na stuib le duail dhe fhalt fhéin. An uair a fhuair iad gach ni gu miann, chaidh iad a-mach gu beulaobh an tighe, bhuail iad am basan, 's rinn iad iolach mhòr gus an do dhùisg iad Conan. Shaoil le Conan, 's e eadar a chadal 's a dhùisg, gu'n robh creach air chor-eigin a-muigh. Leum e air a chasan le mòr-spionnadh; ach ma leum dh'fhàg e cuid dhe fhalt, agus staoig no dhà de chraicionn a chinn, ceangailte ris na stuib.

Chuir so an cuthach air Conan (разозлился Конан; *cuthach – разгневанный; caothach – гнев*). **An uair a fhuair e na mnathan a steach an tigh** (когда удалось ему: «получил он» /завести/ ему женщин в дом), **thiùrr e fraoch agus connadh anns an dorus** (свалил он /в кучу/ вереска и дров у двери; *fraoch – вереск; connadh – дрова; топливо; dorus, doras – дверь*), **agus chuir e teine ris an fhraoch** (и поджёт вереск; *cuir teine – поджечь: «приложить огонь»; teine – огонь*), **an rùn na bha stigh a mhùchadh leis a' cheò** (чтобы: «с целью» находившиеся в доме задохнулись от дыма; *rùn – намерение; мотив; mùchadh – задыхаться; ceò – дым; дымка*).

Chuir so an cuthach air Conan. An uair a fhuair e na mnathan a steach an tigh, thiùrr e fraoch agus connadh anns an dorus, agus chuir e teine ris an fhraoch, an rùn na bha stigh a mhùchadh leis a' cheò.

Bha na Féinn aig an àm so mu choinneamh tigh Fharabeil (были фении в это время напротив дома Фарабеля; *tu choinneamh* – *напротив; перед; coinneamh* – *собрание*), **air taobh eile Chaol Reidhinn** (на другой стороне Пролива Рей; *caol* – */узкий морской/ пролив*). **An uair a chunnaic iad an teine agus a’ cheò ag èiridh suas n’ a smùid** (когда увидели они /языки/ пламени и /клубы/ дыма, поднимающиеся вверх; *faic* – *видеть; èirich* – *подниматься; suas* – *вверх; smùid* – *дым; нар*) **leig iad glaodh mhòr asda** (подняли они громкий крик; *glaodh* – *кричать*), **a’ bualadh an làimh chli air clàr an aodainn** (и стали хлестать себя левой рукой по лбу; *buail* – *бить; хлестать; làmh* – *рука; cli* – *левый; clàr an aodainn* – *лоб; clàr* – *доска; aodainn* – *лицо*), **agus an sùilean air na speuran** (/подняв/ глаза к небу; *sùil* – *глаз; speur* – *небо*).

Bha na Féinn aig an àm so mu choinneamh tigh Fharabeil, air taobh eile Chaol Reidhinn. An uair a chunnaic iad an teine agus a’ cheò ag èiridh suas n’ a smùid leig iad glaodh mhòr asda, a’ bualadh an làimh chli air clàr an aodainn, agus an sùilean air na speuran.

Ruith iad an sin a theàrnadh an cuid mhnathan (бросились они тогда спасать /некоторых/ женщин; *tèarainn* – *спасать*), **ach bha’n caol eadar iad agus an tigh** (но был пролив между ними и домом). **Le còmhnaidh an cuid lannan** (с помощью клинков /своего оружия/; *còmhnaidh* – *помощь; lann* – *лезвие; клинок*), **leum gach fear an caol** (перебрались: «перепрыгнули» они все: «каждый человек» /через/ пролив) **ach aon fhear** (кроме одного человека) – **Mac an Reidhinn** (Макрей; *mac* – *сын*). **Thuit esan ’s a’ chaol ’s chaidh a bhàthadh** (упал он в пролив и утонул: «пошёл тонуть = ко дну»; *tuit* – *падать; bàthadh* – *утопление; bàth* – *тонуть*), **agus a riamh o’n uair sin lean “Caol Reidhinn” ris a’ chaol** (и по сей день /называют/ пролив Проливом Рея; *a riamh* – *всегда; lean* – *продолжать*).

Ruith iad an sin a theàrnadh an cuid mhnathan, ach bha’n caol eadar iad agus an tigh. Le còmhnaidh an cuid lannan, leum gach fear an caol ach aon

fhear – Mac an Reidhinn. Thuit esan 's a' chaol 's chaidh a bhàthadh, agus a riamh o'n uair sin lean “Caol Reidhinn” ris a' chaol.

“Fionnachas luath air bantrachd Fèinn (стремительно за жён фениев; *luath – быстрый*),

'S leum gach fear air barr a shleagh (/и/ перепрыгнул каждый человек на кончике своего копья; *sleagh – коньё*),

Is dh'fhàg iad Mac an Reidhinn 's a' chaol (и оставили они Макрея в проливе).”

“Fionnachas luath air bantrachd Fèinn,

'S leum gach fear air barr a shleagh,

Is dh'fhàg iad Mac an Reidhinn 's a' chaol.”

Ràinig iad ann an àm a bha an cobhair feumail (успели они придти к ним на помощь: «прибыли они, когда было подспорье»; *ruig – прибывать; cobhair – помощь; feumail – пригодный; полезный*), **agus chaidh aca air na mnathan a thoirt a-mach as an losgadh** (и удалось женщинам выбраться наружу из огня; *losgadh – горение; пожар; loisg – гореть*). **Gu freastalach thàinig iad uile troimhe ach aon no dithis dhiubh** (к счастью, прорвались = выжили: «прошли сквозь» они все, кроме одной или двух; *freastalach – предусмотрительный; uile – все; troimh – через; aon – один; dithis – двое*). **Bha na Fèinn ann am feirg mhòr ri Conan** (были фении очень рассержены: «в ярости большой» на Конана; *fearg – гнев; злость*), **air son mar a rinn e** (из-за того, что он натворил), **agus rug iad air a chum a chur gu bàs** (и схватили они его, чтобы придать смерти; *beir – поймать; cuir gu bàs – прикончить; убить; bàs – смерть*). **Dh'iarr e orra mar fhàbhor** (попросил он их об услуге; *fàbhor, fàbhar – услуга*) **gu'm biodh an ceann air a thoirt dheth le Mac an Luinn** (чтобы была голова его отсечена Маклуном; *thoir de – убирать; удалять; Mac an Luinn – букв. сын Луна, так назывался меч Финна Маккула, предводителя фениев, а Лун – кузнец, который служил королю Лохланна, пошотландски Lochlann – Скандинавия/Норвегия*), **claidheamh Fhinn** (мечом

Финна; *claidheamh* – меч; *шага; сабля*; *Fionn mac Cumhaill* – Финн Маккул /предводитель фениев/; *fionn* – светлый; прекрасный) – **an claidheamh nach fhàgadh fuigheall beuma** (мечом, который не промахнётся: «не оставит удара»; *nach* – который не; *fuigheall* – остаток; *beum* – удар). **Comhla ris a’ sin** (вместе с этим), **dh’iarr e cead a cheann a chuir air sliasaid Fhinn** (попросил он позволения свою голову опустить на колени Финна; *cead* – право; разрешение; *sliasaid* – бедро; ляжка), **gu bhi air a ghearradh dheth le Garabh** (чтобы отрубил её ему Гарав; *geàrr* – отсекать; резать), **a mhac** (его сын).

Ràinig iad ann an àm a bha an cobhair feumail, agus chaidh aca air na mnathan a thoirt a-mach as an losgadh. Gu freastalach thàinig iad uile troimhe ach aon no dithis dhiubh. Bha na Fèinn ann am feirg mhòr ri Conan, air son mar a rinn e, agus rug iad air a chum a chur gu bàs. Dh’iarr e orra mar fhàbhor gu’m biodh an ceann air a thoirt dheth le Mac an Luinn, claidheamh Fhinn – an claidheamh nach fhàgadh fuigheall beuma. Comhla ris a’ sin, dh’iarr e cead a cheann a chuir air sliasaid Fhinn, gu bhi air a ghearradh dheth le Garabh, a mhac.

“**Achanaich gu’n iarradh mi** (мольба, с которой обратился б я: «просил бы» я; *achanaich* – мольба; просьба),

As eugmhais m’anam ri iarraidh (лишения, что моя душа желает; *às eugmhais* – без; недостаток; *anam* – душа; разум)

Mac an Luinn a bhuinte m’anam (Маклун разрубил мою душу)

Air muin sléisde gile Fhinn (на славных коленях Финна; *air muin* – наверху; *geal* – белый; прекрасный).”

“**Achanaich gu’n iarradh mi,**

As eugmhais m’anam ri iarraidh

Mac an Luinn a bhuinte m’anam

Air muin sléisde gile Fhinn.”

Chaidh so a cheadachadh dha (было это ему позволено; *ceadachadh* – *разрешение; позволение*); **ach chaidh** (и были), **an toiseach** (сначала), **seachd seichean glasa** (семь шкур серо-зелёных; *seachd* – *семь*; *seiche* – *кожа; шкура*; *glas* – *серо-зелёный*), **seachd cuailtean connaidh** (семь вязанок хвороста; *cuail* – *вязанка; охапка*), **agus seachd fòid de riasg glas** (и семь пластов мха серо-зелёного; *fòid* – *брикет /торфа/*; *riasg* – */болотный/ мох*), **a chur air muin sliasaid Fhinn** (положены на колени Финна). **Chaidh ceann Chonain a leagadh air a’ sin** (опустилась: «была опущена» голова Конана на них тогда; *leag* – *опускать*), **agus bhuail Garabh** (и отсёк Гарав), **a mhac** (его сын), **an ceann dheth le Mac an Luinn** (голову ему Маклуном):

“**Cha bu lionmhora crois ’s an deàrna** (не было больше линий на ладони; *lionmhor* – *многочисленный*; *crois* – *крест*; *deàrna* – *ладонь*)

Na cuisle ghearrta an sliasaid Fhinn (чем вен, порезанных колен Финна; *cuisle* – *вена; артерия*).”

Chaidh so a cheadachadh dha; ach chaidh, an toiseach, seachd seichean glasa, seachd cuailtean connaidh, agus seachd fòid de riasg glas, a chur air muin sliasaid Fhinn. Chaidh ceann Chonain a leagadh air a’ sin, agus bhuail Garabh, a mhac, an ceann dheth le Mac an Luinn:

“**Cha bu lionmhora crois ’s an deàrna**

Na cuisle ghearrta an sliasaid Fhinn.”

Dh’fheòraich Garabh an sin (спросил Гарав тогда; *feòraich* – *спрашивать*), **’s e air dol as a chéill** (потеряв рассудок: «выйдя из чувств»; *ciall* – *чувство; разум; понимание*), **càit an robh na Féinn** (где /были/ фении). **Thuirt iad ris** (сказали они ему) **gu’n robh iad gu h-ìosal fodha** (что /были/ они внизу, под ним; *gu h-ìosal* – *внизу*; *ìosal* – *низкий*; *fo* – *под*). **Ghabh e sìos** (пошёл он вниз) **gus an do ràinig e a’ mhuir** (пока не вышел к морю; *muir* – *море*), **agus ghabh e dha** (и пошёл дальше /в море/) **gus an do bhàth e e fhéin** (пока не утонул сам).

Dh'fheòraich Garabh an sin, 's e air dol as a chéill, càit an robh na Féinn. Thuir iad ris gu'n robh iad gu h-ìosal fodha. Ghabh e sìos gus an do ràinig e a' mhuir, agus ghabh e dha gus an do bhàth e e fhéin.

Здесь только небольшой фрагмент книги.

Полный текст книги Вы сможете приобрести на сайте <http://www.franklang.ru> в разделе «Тексты на гэльском языке, адаптированные по методу чтения Ильи Франка»

после выхода бумажной версии книги.